


# Leuman a' dèanamh cobhair




An teansa Monica Hughes  
Dealbhan Robert McPhillips  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



'S e leumadair a bha ann an Leuman.  
Bha e toilichte anns a' mhuir.  
Aon là bha e a' snàmh suas agus sìos  
air na stuaghan mòra.



An uair sin chunnaic Leuman duine.

Bha an duine air bòrd-seòlaidh.


Bha an duine a' dol suas agus sìos air na  
stuaghan cuideachd.



Chaidh Leuman a-null chun an duine.

Chaidh iad suas agus sìos air na stuaghan còmhla.

Bha iad toilichte.



An uair sin shèid a' ghaoth gu làidir.

Shèid i agus shèid i.

Bha na stuaghan mòr, mòr.



Bha Leuman toilichte anns na stuaghan mòra.

Ach cha robh an duine toilichte.

Bha na stuaghan ro mhòr dha.



Thuit an duine dhen bhòrd-seòlaidh.  
Shnàmh Leuman a-null chun an duine.  
“Cuidich mi,” dh’èigh an duine.




Chaidh an duine sìos, sìos dhan mhuir.  
Dh'fheuch agus dh'fheuch Leuman  
ach cha b' urrainn dha a stad.





An uair sin thuit an duine air creig.  
Shnàmh Leuman sìos ga chuideachadh.



Chuir an duine a làmhnan timcheall air Leuman.  
An uair sin chuir e a chasan air druim Leumain.



Shnàmh Leuman suas, suas leis an duine.  
An uair sin chaidh iad tro na stuaghan  
agus a-steach air an tràigh.



Chuir Leuman an duine sìos air an tràigh.

Bha an duine toilichte.

Bha Leuman toilichte cuideachd  
agus shnàmh e a-mach gu muir.



Agus thill e leis a' bhòrd-seòlaidh!